

# POILEASaidh TAIRGSE 2026 / 27

---

## POILEASaidh TAIRGSE

Chan eil àireamh ro mhòr de sheòmraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air làrach na colaiste agus mar sin cha bhi e comasach dhuinn gealltainn gum faigh a h-uile oileanach àite-fuirich againn gach bliadhna. Airson na bliadhna acadaimigeach 2026-27, tha 77 seòmraichean againn: 13 seòmraichean fèin-chòcaireachd, 2 sheòmar so-ruigsinn, agus 62 seòmraichean le cothrom air seirbheisean-bidh na colaiste.

### 1. OILEANAICH ÙRA AIG SABHAL MÒR OSTAIG:

Mar oileanach fo-cheumnach làn-thìde air a' chiad bhliadhna, tha sinn a' toirt barantas seachad gum faigh thu tairgse air àite-fuirich ma tha na leanas fìor:

- **1.1** Tha thu ag ionnsachadh aig Sabhal Mòr Ostaig agus tha feum agad air seòmar airson aon neach. Tha thu gu bhith ag ionnsachadh làn-thìde airson na bliadhna acadaimigich air fad, a thòisicheas san t-Sultain 2026.
- **1.2** Tha thu air gabhail gu cinnteach ri Tairgse gun Chumha bho Shabhal Mòr Ostaig airson na bliadhna acadaimigeach 2026-27 agus tha thu air am foirm airson àite-fuirich a thilleadh taobh a-staigh 7 latha bhon latha air an d' fhuair thu e.
- **1.3** Tha an t-àite far a bheil thu a' fuireach nas fhaide na 20 mìle bhon cholaiste.

Sna bliadhnaichean nuair a bhios iarrtas mòr ann airson àitichean-fuirich, cha bhithear a' tairgse àite-fuirich do dh'oileanaich a tha a' fuireach aig astar bhon cholaiste far am biodh e reusanta dhaibh siubhal dhan cholaiste (agus as urrainn an dòigh-shiubhail aca fhèin a chleachdadh gus sin dhèanamh) ach a-mhàin nuair a bhios seòmraichean rim faotainn. Dh'fhaodadh an suidheachadh sin atharrachadh às dèidh toiseach an t-seimeastair.

### 2. NOTAICHEAN AIR A' BHARANTAS AIRSON ÀITE-FUIRICH

- **2.1** Tha am Barantas airson Àite-fuirich a' buntainn ri aon tairgse air àite-fuirich. Chan eil am barantas a' gabhail a-steach àitichean-fuirich airson càraid no teaghlach.
- **2.2** Ma dhiùltas tu an tairgse no mura gabh thu ris ron cheann-latha (7 latha às dèidh dhut foirm airson àite-fuirich fhaighinn), cha bhi barantas ann an uair sin gum faigh thu tairgse eile air àite-fuirich.
- **2.3** Chan eil barantas ann gum faigh thu tairgse air an t-seòrsa àite-fuirich a roghnaich thu mar an seòrsa a b' fheàrr leat. Bidh an sgioba-tairgse a' toirt feart air leithid a roghainnean gus am bi cuid de na toglaichean làn.
- **2.4** Cleachdar puist-d gus an conaltradh air fad a dhèanamh.

### 3. OILEANAICH A THA A' CUMAIL ORRA/A' TILLEADH

Ma tha thu a' tilleadh chun na colaiste, agus ma tha thu air dearbhadh gu bheil thu a' tilleadh mar oileanach làn-thìde airson na h-ath bhliadhna acadaimigich agus mura h-eil modalan agad ri choileanadh fhathast, gheibh thu tairgse air àite-fuirich aig toiseach an luchair 2026. Bidh 7 latha agad airson gabhail ris an tairgse sin agus bidh agad ri sùim-eàrlais luach £200 a phàigheadh. Mura gabh thu ris an tairgse taobh a-staigh 7 latha, chan urrainn dhuinn barantas a thoirt dhut gum faigh thu àite-fuirich sa bhliadhna acadaimigich 2026-27.

- **3.1** Oileanaich a tha a' tilleadh (Ath-shuidhe)

Ma tha aig oileanaich ri measaidhean ath-shuidhe bhon bhliadhna acadaimigich a dh'fhalbh, cha bhì dearbhadh/barantas aca gu bheil àite-fuirich aca san ath bhliadhna acadaimigich. Nuair a gheibh thu toraidhean nam measaidhean air an do rinn thu ath-shuidhe, dh'fhaodadh gum faigh thu tairgse air àite-fuirich ma tha fear ri fhaotainn.

- **3.2** Oileanaich le cùisean a nì maothachadh air suidheachadh

Far a bheil sin comasach, thèid prìomhachas a thoirt do dh' oileanaich suidheachadh a rinn ath-shuidhe air sgàth suidheachaidhean maothachadh.

- **3.3** Oileanaich aig a bheil fiachan sam bith le Sabhal Mòr Ostaig

Cha tèid àite-fuireach a thabhan do dh' Oileanach gus am bi iad air na fiachan gu lèir a phàigheadh gu Sabhal Mòr Ostaig.

### 4. LUCHD-IARRTAIS AIR A BHEIL PRÌOMHACHAS

Cuiridh sinn prìomhachas air na h-oileanaich a chithear gu h-ìosal nuair a tha sinn a' tairgse àitichean-fuirich (chan eil iad ann an òrdugh sònraichte sam bith):

- **4.1** Neach-iarrtais sam bith a tha, no a tha air a bhith, fo chùram – Tha 'air a bhith fo chùram' a' ciallachadh neach sam bith a tha, no a tha air a bhith, fo chùram. Dh'fhaodadh gu bheil, no gun robh, iad fo chùram cuideigin eile ann an tòrr dhiofar shuidheachaidhean, leithid cùram Teaghlach (a' fuireach còmhla ri ball dhen teaghlach agad nach eil nam pàrant/neach-dìon dhut) no fo chùram san dachaigh (far a bheil na seirbheisean sòisealta an sàs sa chùram).
- **4.2** Neach-iarrtais sam bith a tha sgaraichte – 's e a th' ann an neach òg a tha sgaraichte, cuideigin nach eil a' faighinn taic bhon teaghlach aca tuilleadh seach gun do bhrìst an dàimh eatorra agus mar thoradh air sin chan eil ceangal aca riutha tuilleadh. Chan eil oileanaich sgaraichte air a bhith fo chùram agus cha bhì pàrant corporra aca.
- **4.3** Neach-iarrtais sam bith a tha nan neach-cùraim – 's e a th' ann an neach-cùraim, cuideigin a bhios a' toirt cùram seachad, airson pàigheadh no gun phàigheadh, do chuideigin san teaghlach aca no do charaid a tha anfhann, ciorramach no aig a bheil duilgheadasan le slàinte-inntinn no a tha an eisimeil deoch, dhrogaichean no rudeigin eile.
- **4.4** Neach-iarrtais sam bith air a bheil euslaintे chorporra no inntinn (mar a tha sin air a mineachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010).

- **4.5** Neach-iarrtais eadar-nàiseanta/neach-iarrtais aig a bheil feum air bhiosa oileanaich.
- **4.6** Neach-iarrtais sam bith a tha a' fàgail na sgoile agus a bhios ag ionnsachadh làn-thìde air làrach na colaiste sa chiad bhliadhna aca.

## 5. IARRTASAN FADALACH

Ma gheibhear iarrtas UCAS a tha fadalach (tha iarrtas fadalach ma gheibhear e às dèidh 30 Ògmhios), a' gabhail a-steach aig 'àm lionaidh' (clearing), cha bhi barantas agad gum faigh thu tairgse air àite-fuirich. Nì sinn ar dicheall gus àite-fuirich a thoirt dhut nuair as urrainn dhuinn.

## 6. NOTA MUN DÀRNA ROGHAINN AGAD IS ÀM LÌONAIDH:

Ma roghnaich thu Sabhal Mòr Ostaig mar an dàrna roghainn agad airson UCAS, feumaidh tu gabhail ri tairgse dhaingeann air cùrsa mus fhaigh thu fiosrachadh air àite-fuirich.

## 7. SÙIM-EÀRLAIS

Gus àite-fuirich a ghleidheadh, bidh agad ri sùim-eàrlais luach £200 a phàigheadh. Ma thachras, airson adhbhar sam bith, gun cuir thu fios thugainn mus tòisich an cùrsa agad gus innse dhuinn nach eil thu ag iarraidh àite-fuirich tuilleadh, chan fhaigh thu an t-airgead sin air ais.

Thathar a' cur a' phoileasaidh seo an gnìomh airson na bliadhna acadaimigich 2026/2027.

## ALLOCATIONS POLICY

Sabhal Mòr Ostaig has a limited number of rooms on-site so it may not be possible to guarantee accommodation each year. For the academic year of 2026-27 we have 77 rooms in total; 13 self-catered, 2 accessible, and 62 catered.

### 1. NEW STUDENTS TO SABHAL MÒR OSTAIG:

As a first year full-time undergraduate, you are guaranteed an offer of accommodation if:

- **1.1** You study at Sabhal Mòr Ostaig and require a single occupancy room. You are studying full-time for the full academic year, commencing in September 2026.
- **1.2** You have firmly accepted an Unconditional offer to Sabhal Mòr Ostaig for the academic year 2026-27 and have returned the accommodation form within 7 days of receiving it.
- **1.3** You live outwith a 20-mile radius of the campus

*In years of exceptionally high demand, students who live within a reasonable commuting distance (c. and have a method of own transport) will not be offered accommodation until a room becomes available. This may be after the start of the semester.*

### 2. NOTES ON THE ACCOMMODATION GUARANTEE

- **2.1** The Accommodation Guarantee extends to one offer of accommodation only. The guarantee does not extend to couples or family accommodation.
- **2.2** If you reject or fail to accept an offer by the expiry date (7 days after receiving an accommodation form) there is no guarantee any further accommodation offer will be made
- **2.3** There is no guarantee that you will be offered your preferred choice of accommodation. The allocations team take choices into account until such times as certain Blocks are full.
- **2.4** All communication will be via email.

### 3. CONTINUING/RETURNING STUDENTS

If you are a returning student and have confirmed your intent to return full-time for the following academic year and have no outstanding modules, an offer of accommodation will be made by the beginning of July 2026. You will have 7 days to accept this offer and pay a £200 deposit. If you do not accept the offer within the 7-day period, we cannot guarantee that accommodation will be available for the academic year 2026-2027.

- **3.1** Returning Students (Re-Sits)

If students have re-sits from the previous academic year of study then accommodation is not

confirmed/guaranteed for the following academic year. On receiving your re-sit results, an offer of accommodation may be given if accommodation is available.

- **3.2** Students with Mitigating Circumstances

Students with re-sits due to mitigating circumstances will be given priority where possible.

- **3.3** Students with outstanding payments to Sabhal Mòr Ostaig

Students will not be offered accommodation until all outstanding payments owed to Sabhal Mòr Ostaig have been paid in full.

#### **4. PRIORITY APPLICANTS**

We will prioritise the students listed below for the purpose of allocating accommodation; (in no particular order):

- **4.1** Any applicant who is a care experienced – Care experienced refers to anyone who has been, or is currently in care. This care may have been provided in many different settings such as, Kinship care (living with a relative who is not your parent/guardian) or looked after at home (with the involvement of social work).
- **4.2** Any applicant who is estranged – an estranged young person is someone who no longer has the support of their family due to a breakdown in their relationship which has led to ceased contact. Estranged students have no experience of being in care and do not have a corporate parent in charge of them.
- **4.3** Any applicant who is a carer – a carer is someone who has paid or unpaid caring responsibilities for a family or friend who is frail, disabled or has mental health or addiction problems.
- **4.4** Any applicant with a physical or mental impairment (as defined under the Equality Act 2010).
- **4.5** Any international applicant/applicant requiring a student visa.
- **4.6** Any applicant who has is a school-leaver and will have full-time campus-based classes in their first year of study.

#### **5. LATE APPLICATIONS**

Late UCAS applications (an application is considered late after the 30<sup>th</sup> of June) including clearing are not guaranteed an offer of accommodation. Where possible we will do our best to provide accommodation.

## **6. NOTE ABOUT INSURANCE OFFERS AND CLEARING:**

If you have selected Sabhal Mòr Ostaig as your UCAS insurance acceptance, you will only receive accommodation information after accepting a firm offer of study.

## **7. DEPOSIT**

To secure your accommodation, you will be asked to pay a deposit of £200. If for any reason, you look to cancel your accommodation before starting your course, this deposit will not be refunded.

Policy applicable for session 2026/27.

